

Cuspair Clàir-ghnothaich	6
Àir. Aithisge	G/12/26

Comhairle na Gàidhealtachd

Comataidh: Gàidhlig

Ceann-latha: 26 Lùnastal 2026

Tìotal Aithisge: Seachdain na Gàidhlig 2026 – Conaltradh Corporra agus Com-pàirteachadh airson na Gàidhlig

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha an aithisg seo a' mìneachadh na h-iomairt a rinneadh air na meadhanan sòisealta tro Sheachdain na Gàidhlig 2026, mar phàirt de dh'oidhirp nas fharsainge leudachadh a thoirt air na tha de shusbaint sa Ghàidhlig agus ceangailte ris a' Ghàidhlig air seanailean conaltraidh na Comhairle.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i. toirt fa-near dhan aithisg;
- ii. beachdachadh is toirt fa-near do na chaidh a dhèanamh gus taic a chur ri Seachdain na Gàidhlig 2026;
- iii. aithne a thoirt do na h-oidhirpean soirbheachail a chaidh a dhèanamh gus àrdachadh a thoirt air an àireimh de phròiseactan a bha air an cur air adhart tro fhiosan naidheachd agus na meadhanan sòisealta ann an 2025–26.

3. Builean

3.1 Goireas
Chaidh a' ghnìomhachd a ghabhail os làimh le Sgioba Conaltraidh Chorporra agus Sgioba Gàidhlig na Comhairle.

3.2 Laghail
Fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd Plana Gàidhlig ullachadh, a bhuileachadh is cunntas a thoirt air. Tha conaltradh poblach a bharrachd sa Ghàidhlig a' cuideachadh gus na dleastanasan seo a choileanadh.

- 3.3 **Cunnart**
Chan eil cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air an aithisg sgrùdaidh is ùrachaidh seo.
- 3.4 **Slàinte is Sàbhailteachd** (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) – Chan eil cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air an aithisg sgrùdaidh is ùrachaidh seo.
- 3.5 **Gàidhlig**
Tha buaidhean fìor mhath ann a thaobh na Gàidhlig tro bharrachd fhollaiseachd, mhothachaidh is chom-pàirteachaidh. Tha an obair chonaltraidh a thathar a' mìneachadh san aithisg seo a' cur ri bhith a' buileachadh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd tro bhith a' cur na Gàidhlig air adhart thar foghlam, cultar, coimhearsnachdan, gnothachas agus an eaconamaidh.

4. Buaidhean

- 4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonaidh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh na Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.
- 4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.
- 4.3 'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Mu Dheidhinn Seachdain na Gàidhlig

- 5.1 Air a cur air bhonn ann an 2022 's air a maoineachadh le Bòrd na Gàidhlig, 's e iomairt a th' ann an Seachdain na Gàidhlig airson Ìomhaigh a' chànain a thogail tro iomairtean coimhearsnachd, com-pàirteachadh sgoiltean agus clàr sònraichte de thachartasan. Ghabh Seachdain na Gàidhlig 2026 àite eadar an 23 Gearran agus an 1 Màrt am-bliadhna.

Bithear a' cleachdadh tèama eadar-dhealaichte a h-uile bliadhna agus airson 2026 b' e an tèama Cleachd i no Caill i. B' e gairm gu gnìomh a bh' ann do dhaoine air feadh Alba 's nas fharsainghe gnothach a ghabhail ris a' Ghàidhlig is dèanamh cinnteach gun gleidhear is gum fàs i.

Air Ghàidhealtachd bha cothroman ann do gach aois a dhol an sàs, le caochladh thachartasan agus phròiseactan a' gabhail àite ann an sgoiltean, gnothachasan agus buidhnean coimhearsnachd air feadh na sgìre.

6. Conaltradh agus Com-pàirteachadh Chomhairle na Gàidhealtachd

6.1 Aig an aon àm ri Seachdain na Gàidhlig dh'aontaich Comhairle na Gàidhealtachd gum bu chòir dhuinn iomairt ghoirid a dhèanamh air na meadhanan sòisealta le trì prìomh amasan:

- Taic a chur ri Seachdain na Gàidhlig.
- Tachartasan Gàidhlig dhan bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' cur taic a thaisbeanadh.
- Ìomhaigh dheimhinnte den Ghàidhlig a chur air adhart agus a cleachdadh a bhrosnachadh san sgìre againn.

6.2 Chaidh an iomairt air na meadhanan sòisealta airson Seachdain na Gàidhlig a chumail ann an co-bhann le iomairt nas fharsainghe a tha a' dol fad na bliadhna airson barrachd Ghàidhlig agus stuthan ceangailte ris a' Ghàidhlig a chur air seanailean conaltraidh na Comhairle.

6.3 Chaidh an t-amas seo a neartachadh le obair na seirbheis eadar-theangachaidh a tha Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh Chomhairle na Gàidhealtachd a' toirt seachad, agus leis mar a chaidh oifigear Conaltraidh is Com-pàirteachaidh a bharrachd fhasadh anns a' Ghiblean 2025 do sheirbheis a' Chonaltraidh Chorporra, le dleastanas sònraichte a bhith ag obair ri taobh Sgioba na Gàidhlig.

6.4 Ann an co-obrachadh le oifigearan leasachaidh, poileasaidh agus foghlaim Ghàidhlig na Comhairle chaidh co-dhùnadh gur ann co-cheangailte ri prìomh thèamaichean ro-innleachdail [Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024-29](#) a bu chòir amas conaltraidh Seachdain na Gàidhlig a bhith.

6.5 B' ann ceangailte ris na tèamaichean a leanas a bha na puist mheadhanan sòisealta, artaigilean air-loidhne agus brathan naidheachd a chaidh fhoillseachadh tron t-seachdain:

- Coimhearsnachdan agus Dachaigh
- Meadhanan, Ealain, Cultar agus Dualchas
- Gnothachas agus an Eaconomaidh
- Foghlam

6.6 Gnìomh

6.7 Thug Comhairle na Gàidhealtachd program làidir agus measgaichte de shusbaint agus ghnìomh mheadhanan gu buil airson Seachdain na Gàidhlig 2026, a bha a' togail air cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig do chultar, eachdraidh, foghlam, eaconomaidh agus coimhearsnachdan ionadail na Gàidhealtachd.

6.8 An lùib na h-iomairt bha measgachadh de shusbaint bhidio agus sgrùdaidhean-cùise a thàinig cuideachd aig an aon àm ri obair Comataidh an Fhoghlaim agus Comataidh na Gàidhlig, a bha air coinneachadh tro Sheachdain na Gàidhlig.

- 6.9 Le chèile, chuidich na teachdaireachdan seo gus farsaingeachd agus buntainneas na Gàidhlig air feadh beatha na Gàidhealtachd agus ann an obair Chomhairle na Gàidhealtachd a thaisbeanadh.

7 Fiosan Naidheachd Chomhairle na Gàidhealtachd

- 7.1 Sheall [fios naidheachd bho Chomataidh an Fhoghlaim](#) mar a tha foghlam Gàidhlig a' cuideachadh gus soirbheachas adhartachadh aig Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh san Eilean Sgitheanach. Sheall dàta o na meadhanan sòisealta: 10,444 seallaidhean; 7,562 neach-seallaidh; 8,132 taisbeanadh.

- 7.2 Bhrosnaich fiosan naidheachd Chomataidh na Gàidhlig [buaidh eaconamach fhèisean Gàidhlig](#) agus [foghlam thràth-bhliadhnaichean leudaichte an ceann a tuath an Eilein Sgitheanaich](#).

Sheall dàta o na meadhanan sòisealta: 18,457 seallaidhean is 13,677 taisbeanaidhean. Chaidh na teachdaireachdan seo a thogail agus chaidh an aithris air na meadhanan ionadail agus sgèireil.

- 7.3 Le chèile, tharraing na h-artaigilean seo cha mhòr 29,000 sealladh air na làraichean mheadhanan sòisealta againn, a' sealltainn ùidh làidir phoblaich sa Ghàidhlig agus iomairtean ceangailte ris a' Ghàidhlig aig cridhe nan coimhearsnachdan againn.

7.4 Susbaint air na Meadhanan Sòisealta

- 7.5 Am measg nam post is nam bhidiothan a chuir an iomairt a-mach tron t-seachdain, bha:

- [Teachdaireachd fhàilteachaidh](#) bho Chathraiche Comataidh an Fhoghlaim.
- [Ridhlichean goirid](#) a' coimhead ri ciall agus eachdraidh ainmean-àite na Gàidhealtachd, air a chur ri chèile ceangailte ri [Ainmean-Àite na h-Alba](#), an com-pàirteachas comhairleachaidh nàiseanta airson ainmean-àite Gàidhlig ann an Alba.
- [Bhidio aq amas air gnothachas](#) a bha a' taisbeanadh na Gàidhlig mar bhuannachd eaconamach.
- Susbaint a' togail air àite na Gàidhlig ann an cultar, fèisean agus turasachd, le fòcas gu h-àraid air soirbheachas a' [Mhòid Nàiseanta Rìoghail](#), a chaidh a chumail ann an Loch Abar san Dàmhair 2025.
- Susbaint fhoghlaim a chomharraich gach cuid luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus Foghlam tron Ghàidhlig.

- 7.6 Nochd [sgoilearan P1–P3 aig Bun-Sgoil a' Chaoil](#) ann am fear de na puist a bu shoirbheachaile air na meadhanan sòisealta, 's iad a' gabhail pàirt ann an 'Là Abairt na Gàidhlig'.

A' ruighinn 18,442 neach, b' e seo an t-susbaint a b' fheàrr a rinn is sheall e ùidh làidir am measg luchd-amhairc sa Ghàidhlig agus gun robh daoine òga a' gabhail pàirt sa chànan.

Dhaingnich am post teachdaireachd Chomhairle na Gàidhealtachd timcheall air buannachdan dà-chànanaidh agus cothroman a leudachadh gach cuid do sgoilearan FtG agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

- 7.7 Rinn an iomairt ceangal gu soirbheachail eadar a' Ghàidhlig agus beatha làitheil, fèin-aithne agus cothroman eaconamach.
- 7.8 Chaidh gach cuid gnothachas agus foghlam a chomharrachadh tro dhà phost san robh [Nicola NicThòmais](#) an sàs, is i air tè de na ciad sgoilearan a chaidh tro Foghlam tron Ghàidhlig ann an Slèite san Eilean Sgitheanach ann an 1987. Tha Nicola a-niste na pàrant agus a cuid chloinne fhèin gan oideachadh tron Ghàidhlig, fhad 's a tha a' Ghàidhlig cuideachd aig cridhe a' ghnòthachais bhig shoirbheachail a bhios i a' ruith bho a dachaigh.
- 7.9 Sheall an t-susbaint seo buaidh Foghlam tron Ghàidhlig san ùine fhada gu soirbheachail, agus na tha luchd-labhairt na Gàidhlig a' cur ri gnothachasan agus coimhearsnachdan na Gàidhealtachd.
- 7.10 'S e tèama cudromach ann am Plana Gàidhlig na Comhairle a th' ann an cuideam a chur air a' Ghàidhlig mar bhuannachd eaconamach, agus bha e cuideachd aig cridhe na [co-labhairt](#), a chùim Comhairle na Gàidhealtachd aig Eden Court sa Chèitean 2025, a choimhead ris na buannachdan an lùib a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig ann an gnothachasan air feadh na sgìre.

8 Geàrr-chunntas

- 8.1 Uile gu lèir, bha an iomairt Seachdain na Gàidhlig 2026 againn soirbheachail ann a bhith a' cuideachadh gus togail air na h-amasan againn cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh is àbhaisteachadh air feadh obair Chomhairle na Gàidhealtachd.
- 8.2 Thàinig àrdachadh susbainteach air an àireimh de dh'aithisgean mun Ghàidhlig is mu chultar a bh' air an cur air adhart tro fhiosan naidheachd agus air na meadhanan sòisealta ann an 2025–26.
- 8.3 Eadar an Giblean 2025 agus am Màrt 2026, chaidh 39 fios naidheachd agus 62 phost sònraichte air na meadhanan sòisealta fhoillseachadh an co-cheangal ri obair na Comhairle a thaobh cànan no cultar na Gàidhlig.
- 8.4 Ri taobh na h-iomairt co-òrdanaichte air na meadhanan sòisealta mar phàirt de Sheachdain na Gàidhlig 2026, chuidich an com-pàirteachadh leudaichte seo air na meadhanan sòisealta gus:
- A' Ghàidhlig a bhrosnachadh air feadh foghlam, cultar, dualchas, gnothachas agus an eaconomaidh.
 - Sealltainn gun urrainn dhuinn a' Ghàidhlig a chleachdadh airson na mìltean dhaoine a ruighinn tro phrògram co-òrdanaichte de chom-pàirteachadh anns na meadhanan agus air na meadhanan sòisealta.
 - Com-pàirteachadh làidir a chruthachadh le susbaint ag amas air foghlam.
 - Daoine òga fhaighinn an sàs ann a bhith a' cruthachadh susbaint.

- Togail air soirbheachas FtG thairis air 40 bliadhna.
- Cànan a cheangal ri cothroman eaconamach.
- Ìomhaigh in-ionmhais agus taic Chomhairle na Gàidhealtachd dhan Ghàidhlig a thogail.

9 Ath cheumannan

- 9.1 'S e na h-ath cheumannan a bhith a' leantainn oirnn a' leudachadh na thèid a-mach co-cheangailte ris a' Ghàidhlig agus anns a' Ghàidhlig air feadh sheanailean na Comhairle, a' cleachdadh a' chom-pàirteachaidh seo gus an cànan a neartachadh agus a bhith a' brosnachadh a cleachdadh nas fharsainge ann am foghlam, gnothachas agus coimhearsnachd.
- 9.2 Tha an iomairt agus an dàta a tha na cois a' cur taic ri prìomh amas seirbheis chorporra an lùib Plana Gàidhlig na Comhairle – ro-innleachd Ghàidhlig dha na meadhanan sòisealta a leasachadh a dh'fhàgas gum foillsichear barrachd susbaint sa Ghàidhlig. A thuilleadh air puist air na meadhanan sòisealta co-cheangailte ri tachartasan agus gnothaichean na Gàidhlig, leanaidh obair airson leudachadh a thoirt air na tha de phuist sa Ghàidhlig air na meadhanan sòisealta co-cheangailte ri cuspairean agus tachartasan nach eil gu dìreach ceangailte ris a' Ghàidhlig. Tha obair a' leantainn airson dèanamh cinnteach gu bheil Sgioba na Gàidhlig air an trèanadh ann a bhith a' cruthachadh susbaint a ghabhas sgaoileadh air cunntasan corporra na Comhairle air na meadhanan sòisealta.

Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-latha: 22 Iuchar 2026

Ùghdar: Keith MacCoinnich, Oifigear Conaltraidh is Com-pàirteachaidh

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: neo-bhuntainneach